

# Obair nam Ban san Dàrna Cogadh

Bha na boireannaich aig cridhe iomairt an Dàrna Cogaidh 's iad a' toirt farsaingeachd sheirbheisean dheatamach bho nursadh gu innleadaireachd. Bha iad cuideachd glè chudromach aig an Aghaidh Dhachaigheil, os cionn dhachaighean agus a' strì gu làitheil an aghaidh cuibhreannachadh, ath-chuairteachd, ath-chleachdadh, agus a' fàs biadh ann an lotan agus ann an gàrraidhean.

Bho 1941, chaidh boireannaich a ghairm gus obair ann an iomairt a' chogaidh mar mheaganaigean, innleadairean, luchd-obrach àirneis-cogaidh, maoir rabhaidhean-adhair, dràibhearan bus agus einnseanan-smàlaidh. An toiseach, cha robh ach boireannaich gun phòsadh, aois 20-30 a bha air an gairm, ach ro mheadhan 1943, bha cha mhòr 90 sa cheud dhe na boireannaich gun phòsadh agus 80 sa cheud de bhoireannaich pòsta ag obair ann am factaraidhean, air a talamh no anns na Feachdan Armaichte.

## AN ROBH FIOS AGAD?

---

Ann an Stiùireadh Gnìomhan Sònraichte (SOE), dh'fhastaidh Winston Churchill mu 60 boireannach 'gus An Roinn Eòrpa a chur na smàl Europe'. Bha iad air an cur a dh'obair air cùlaibh nan loidhnichean aig na nàimhdean, mar bu trice le parasiùt no bàtaichean iasgaich, gus 'arm dhiomhair' de shaighdearan resistance a chruthachadh a bhiodh ag ullachadh airson ionnsaigh bho na Co-chòmhragaich.

---

Bha còrr agus 640,000 boireannach anns na Feachdan Armaichte, leithid ann an Seirbheis Cabhlach Rìoghail nam Ban (WRNS), Feachdan Adhair Taic nam Ban (WAAF) agus Seirbheis Taic na Talmhainn (ATS), cho math ri mòran eile a bha ag itealaich itealan gun armachd agus feadhainn a bha a' dràibheadh einnseanan-smàlaidh. Bha na WRNS an sàs ann am plànadh dìomhair airson Latha-D.

Bha mòran bhoireannaich ag obair aig Bletchley Park ann an Siorrachd Bhuckingham gus na teachdaireachdan Gearmailteach a ghlacadh, còdaichean fhuasgladh agus bha iad ag obrachadh nan teicneòlasan a b' adhartaiche anns an t-saoghal. Bha an cuid obrach air leth dìomhaireach agus dh'fhan e mar sin airson iomadh bliadhna an dèidh a' chogaidh.



## AN ROBH FIOS AGAD?

---

Thug a' Bhanrigh Ealasaid, a bha na Bana-phrionnsa Ealasaid rè an Dàrna Cogaidh, seirbheis ann an Seirbheis Taic na Talmhainn (ATS) agus rinn i trèanadh na tràibhear agus na meaganaig. Rànaig i ire Leas Chomannair. Bha an nighean a b' òige aig Winston Churchill cuideachd na ball dhen ATS.

## AN ROBH FIOS AGAD?

---

Rè an Dàrna Cogaidh, bha 10,000 boireannach ag obair ann am factaraidh Rolls Royce ann an Hillington, Glaschu, a' togail einnseanan Merlin a bha a' toirt cumhachd dhe na Spitfires agus an Lancaster Bomber.

## AN ROBH FIOS AGAD?

---

Bha Arm Talmhainn nam Ban a' trèanadh sgiobaidhean de nigheanan mar "Sgiobaidhean Dìon bho Phlàighean". Bha e mar dhleastanas aca a bhith a' dìon biadh agus pòran a bha a' fàs ann an achaidhean bho phlàighean leithid radain agus sionnach. Thathar an dùil gun robh 50 millean radan ann am Breatainn rè an Dàrna Cogaidh!

---



## 👤 Gnìomhan

- 1 Cò mheud buidheann anns am faodadh boireannaich ballrachd a ghabhail agus dè an seòrsa gnìomhan a bhiodh iad a' dèanamh?
- 2 Cruthaich postair brosnachaidh anns am bithear a' brosnachadh boireannaich gus a dhol an sàs ann an iomairt a' chogaidh.
- 3 Coimhead air cuid dhe na h-èididhean eadar-dhealaichte do boireannaich agus dealbhaich èideadh ùr airson aon de sheirbheisean nam ban. Smaoinich mun t-seòrsa obrach a bhiodh iad a' dèanamh agus an t-seòrsa dathan a bhiodh an t-èideadh.
- 4 Dè thachair do boireannaich a bha ag obair an dèidh Latha VE? No, nuair a thòisich na feachdan air tighinn dhachaigh? An do chùim iad orra ag obair? An do thill iad dhan dachaigh? Ciamar a bheireadh seo buaidh orra?
- 5 Sgrìobh leabhar-là airson boireannach a bha ag obair ann am factaraidh àirneis-cogaidh. Cò ris a bhiodh cùisean coltach? Am biodh e air a bhith doirbh?